

Còmhraidh 1 le Neach-raoin na Pàirce (Crìosdaidh)

Neach-raoin: Haidh. Nach ann a tha an latha math?	Park Ranger: Hi there. Lovely day, isn't it?
Balach/Nighean: 'S ann gu dearbha.	Boy/Girl: It certainly is.
Neach-raoin: Air latha mar seo, tha mi dìreach cho toilichte an obair seo a bhith agam, agus mi a' coimhead às dèidh pìos àlainn de chruthachadh Dhè.	Park Ranger: On days like this I'm just so glad I have this job, looking after such a beautiful piece of God's creation.
Balach/Nighean: Bhruidhinn sibh air Dia. An e Muslamach a th' annaibh, no Iùdhach, no ...	Boy/Girl: You mentioned God. Are you a Muslim, or a Jew, or ...
Neach-raoin: Uill, tha Muslamaich agus Iùdhaich a' creidsinn ann an Dia, ach 's e Crìosdaidh a th' annamsa. Tha mi a' creidsinn gun do chruthaich Dia an saoghal agus gach iongantas nàdarra.	Park Ranger: Well, Muslims and Jews do believe in God, but I'm a Christian. I believe that God made the world and all of its natural wonders.
Balach/Nighean: Carson a tha sibh a' smaoineachadh gun do rinn Dia an saoghal?	Boy/Girl: What makes you think that God made the world?
Neach-raoin: Tha e ga ràdh sa Bhìoball. Ann an leabhar Genesis tha eachdraidh air mar a chruthaich Dia an saoghal ann an sia latha agus gun do ghabh e fois air an t-seachdamh latha. Tha e ag ràdh nach robh ann ach dorchadas an toiseach, ach an uair sin rinn Dia an talamh agus an t-adhar agus solas. Faodaidh tu earrann bhidio fhaicinn mu dheidhinn.	Park Ranger: Well, the Bible says so. In the book of Genesis, there's the story of how God made the world in six days and rested on the seventh. It says that at first there was just darkness, then God made the earth and sky and light. You can see a video clip about it.

Balach/Nighean: Glè mhath.	Boy/Girl: Yes, please.
Neach-raoin: Dè do bheachd air an sin?	Park Ranger: So what do you think about that?
Balach/Nighean: Tha fios 'am gu bheil solas cudromach do nithean beò. Feumaidh lusan solas airson biadh a dhèanamh agus feumaidh beathaichean solas airson cunnart fhaicinn.	Boy/Girl: I know that light is important for living things. Plants need it to make food and animals need it to see danger.
Neach-raoin: Tha sin ceart. Tha am Bìoball ag innse dhuinn gun do rinn Dia na cuantan, na lusan agus na beathaichean.	Park Ranger: Yes, that's right. The Bible tells us that next God made seas, plants and animals.
Balach/Nighean: Ach dè mu dheidhinn daoine? An e beathaichean a th' annainn?	Boy/Girl: So what about human beings? Are we just animals?
Neach-raoin: Uill, ged a tha sinn coltach ri beathaichean, tha mise a' creidsinn gun do rinn Dia sinn mar phàirt chudromach dhen chruthachadh oir tha againn ri coimhead às dèidh na talmhainn.	Park Ranger: Well, although we are similar to animals, I believe we have been made as a special part of God's creation because we have to look after the earth.
Balach/Nighean: Tha sibh mar sin dhen bheachd gu bheil againn ri coimhead às dèidh nam beathaichean agus nan lusan.	Boy/Girl: So, you think that we need to look after the plants and animals?
Neach-raoin: Tha, tha agus daoine eile.	Park Ranger: Yes, and other people too.
Balach/Nighean: Chuala mi an tidsear againn ag ràdh gu bheil Crìosdaidhean nan stiùbhardan air a' chruthachadh. An e sin a tha sibh a' ciallachadh?	Boy/Girl: I heard my teacher talking about Christians being stewards of creation. Is that what you mean?
Neach-raoin: Bithidh. Tha sinn a' creidsinn gu bheil sinn fhèin agus Dia a' coimhead às dèidh an t-saoghail. Tha sinn cuideachd a' creidsinn gu bheil a h-uile càil a rinn E math.	Park Ranger: Yes. We believe we are partners with God in caring for the world. We also think that everything he made is good.

Balach/Nighean: Tha cuid de rudan math, ach a bheil a h-uile càil?	Boy/Girl: Some things are good, but is everything?
Neach-raoin: Deagh cheist. Uill, tha mi a' creidsinn gu bheil a h-uile càil a rinn Dia math. Dè na pàirtean dhen chruthachadh a tha thu fhèin a' smaoineachadh a tha math?	Park Ranger: Smart question. Well, I believe that basically everything God made is good. What parts of creation do you think are good?
Balach/Nighean: Beathaichean, craobhan, beanntan, aibhnichean ... tha tòrr ann. A' ghrian a' dol fodha, am muir ann an dùthchannan tetha...	Boy/Girl: Animals, trees, mountains, rivers ... there are loads. Sunsets, the sea in hot countries...
Neach-raoin: Tha Crìosdaidhean a' creidsinn gu bheil uiread dhen t-saoghal brèagha agus gum bu chòir taing a thoirt dhan Chruithear air a shon.	Park Ranger: Right. We Christians believe that so much of the world is beautiful and we have to thank God for it.
Balach/Nighean: Ciamar a bhios sibh a' toirt taing dhan Chruithear?	Boy/Girl: How do you go about thanking God?
Neach-raoin: Uill, bidh fèill fogharaidh againn gach bliadhna. Bidh sinn a' toirt buidheachas do Dhia airson na grèine agus airson an uisge a bhios a' toirt air biadh fàs. Bidh sinn a' toirt taing airson nan daoine a bhios ag obair gus biadh a thoirt thugainn.	Park Ranger: Well, every year we have a harvest festival. We thank God for the sun and rain that make our food grow. We say thanks for the people who work to provide the food too.
Balach/Nighean: Am bi sibh a' seinn laoidhean aig fèill fogharaidh?	Boy/Girl: Do you sing hymns at harvest festival?
Neach-raoin: Bithidh. Faodaidh tu èisteachd ri tè an-dràsta, agus faic an aithnich thu i.	Park Ranger: Yes, that's right. You can listen to part of one now, if you like. See if you recognise it.
Balach/Nighean: Glè mhath.	Boy/Girl: Yes, please.

Neach-raoin: Bidh sinn cuideachd a' sgeadachadh na h-eaglais airson fèill an fhogharaidh agus a' toirt biadh a-steach.	Park Ranger: At harvest festival we also decorate the church and bring along food.
Balach/Nighean: Carson a bhios sibh a' toirt biadh a-steach?	Boy/Girl: Why do you bring in food?
Neach-raoin: 'S e pàirt dheth gu bheil sinn a' toirt buidheachas do Dhia airson toirt air fàs, agus pàirt eile a roinn còmhla ri daoine eile.	Park Ranger: Well, partly because we're thanking God for making it grow, and partly to share it with others.
Balach/Nighean: Tha sibh a' ciallachadh gur e sin pàirt dhe bhith a' toirt an aire air cruthachadh Dhè, a cionn 's gu bheil sibh a' cuideachadh dhaoine eile?	Boy/Girl: Oh, I see. You mean that's part of caring for God's creation, because you're helping other people?
Neach-raoin: Tha sin ceart.	Park Ranger: Yes, that's right.
Balach/Nighean: Ach dè mu dhaoine bochda ann an Afraga? Am bi sibh a' cur thucasan biadh?	Boy/Girl: But what about helping needy people in Africa. Do you send them food?
Neach-raoin: Bidh sinn a' roinn a' bhìdh eadar daoine bochda san sgìre mun cuairt, ach bidh sinn cuideachd a' cruinneachadh airgead aig àm an fhogharaidh agus ga thoirt do bhuidheann carthannais a tha a' cuideachadh dhaoine bochda ann an dùthchannan eile.	Park Ranger: Well, we share out the food with needy people in the local area, but we also collect money at harvest time and give it to a charity that works with poor people in other countries.
Balach/Nighean: Mar sin tha sibh a' cuimhneachadh air daoine nach eil cho math dheth ribh fhèin?	Boy/Girl: I see, so you try to remember those who are less fortunate than you?
Neach-raoin: Bidh sinn cuideachd ag iarraidh beannachd Dhè air a' bhiadh a bhios a' fàs as t-earrach.	Park Ranger: Exactly. We also ask God to bless the growing of food each spring.

Balach/Nighean: Ciamar?	Boy/Girl: How?
Neach-raoin: San eaglais agamsa tha àm sònraichte againn cuideachd as t-earrach ris an can sinn Àm an Aslachaidh, agus bidh seirbheis againn airson sin. Cha bhi mòran Chrìosdaidhean a' dèanamh seo, ach chì thu air a' bhidio dè bhios a' tachairt.	Park Ranger: At my church we also have a special season in the spring called Rogationtide, and we have a service to celebrate it. Not many Christians do this, but here's a video showing you what happens.
Balach/Nighean: Bhiodh sin math.	Boy/Girl: I'd like to see that.
Neach-raoin: Sin sinn ma-thà. Dè dh'ionnsaich thu on chòmhradh?	Park Ranger: So, there we are. What have you learned from our little chat?
Balach/Nighean: Uill, tha fios 'am gur e Crìosdaidh a th' annaibh a tha a' creidsinn gun do rinn Dia an cruinne-cè.	Boy/Girl: Well, I know that you're a Christian who believes that God made the universe.
Neach-raoin: Seadh. Càil sam bith eile?	Park Ranger: Right. Anything else?
Balach/Nighean: Tha sibh a' creidsinn gu bheil uallach air daoine an aire a thoirt air a' chruthachadh.	Boy/Girl: You believe that people are responsible for caring for creation.
Neach-raoin: Sgoinneil! Agus, mar Chrìosdaidhean eile, tha mi a' creidsinn gu bheil a bhith a' cuideachadh dhaoine eile na phàirt dheth.	Park Ranger: Fantastic! And, like other Christians, I believe that helping other people is part of the deal.
Balach/Nighean: Tha mi a' tuigsinn. Tha sibh a' creidsinn gum bu chòir stòrasan an t-saoghail a chleachdadh a chum math gach duine.	Boy/Girl: I get it. You believe that the earth's resources should be used for the good of everyone.
Neach-raoin: Ceart a-rithist. Math fhèin! Dh'èist thu gu math.	Park Ranger: Right again. Well done! You have listened really well.
Balach/Nighean: Feumaidh mi nis a dhol a bhruidhinn ri	Boy/Girl: I have to go and talk to someone else

cuideigin eile.	now.
Neach-raoin: OK. Feuch gun till thu chun an neach-ealain às dèidh sin! Ta-ra.	Park Ranger: OK. Make sure you report back to the artist afterwards! Bye.

Còmhraidh 2 le Neach-raoin na Pàirce (Crìosdaidh)

Neach-raoin: Air latha mar seo, tha mi dìreach cho toilichte an obair seo a bhith agam, agus mi a' coimhead às dèidh pìos àlainn de chruthachadh Dhè.	Park Ranger: On days like this I'm just so glad I have this job, looking after such a beautiful piece of God's creation.
Balach/Nighean: 'S e neach-raoin a th' annaibh sa phàirc, nach e?	Boy/Girl: So you're a park ranger, are you?
Neach-raoin: Is toigh leam an obair a th' agam an seo. Bidh mi a' toirt taing air a son gach latha.	Park Ranger: Yes. I love my job here. I give thanks for it every day.
Balach/Nighean: Cò dha a bhios sibh a' toirt taing?	Boy/Girl: Who do you thank?
Neach-raoin: 'S e Crìosdaidh a th' annam. Mar sin bidh mi a' toirt taing do Dhia. Tha mise a' creidsinn gun do rinn Esan a h-uile càil.	Park Ranger: Well, I'm a Christian, so I thank God. I believe he made all of this you see.
Balach/Nighean: Chan eil mi cinnteach a bheil mise a' creidsinn ann an Dia, ach carson a tha sibh a' smaoin eachadh a chruthaich e an talamh?	Boy/Girl: I'm not sure I believe in God, but why do you think he created the earth?
Neach-raoin: Tha e ga ràdh sa Bhìoball. Ann an leabhar Genesis tha eachdraidh air mar a chruthaich Dia an saoghal ann an sia latha agus gun do ghabh e fois air an t-seachdamh latha. Tha e ag ràdh nach robh ann ach dorchadas an toiseach, ach an uair sin rinn Dia an talamh agus an t-adhar agus solas. Faodaidh tu earrann bhidio fhaicinn mu dheidhinn.	Park Ranger: Well, the Bible says so. In the book of Genesis, there's the story of how God made the world in six days and rested on the seventh. It says that at first there was just darkness, then God made the earth and sky and light. You can see a video clip about it.
Balach/Nighean: Glè mhath.	Boy/Girl: Yes, please.
Neach-raoin: Dè do bheachd air an sin?	Park Ranger: So what do you think about that?

Balach/Nighean: Tha mi ag aontachadh gur e àite miorbhaileach a th' ann do chuid.	Boy/Girl: I agree that the world is an amazing place for some.
Neach-raoin: Tha sin ceart. Tha am Bìoball ag innse dhuinn gun do rinn Dia na cuantan, na lusan agus na beathaichean.	Park Ranger: Yes, that's right. The Bible tells us that next God made seas, plants and animals.
Balach/Nighean: Tha fios 'am gu bheil cuid nach eil a' creidsinn sin.	Boy/Girl: I know that some people don't believe that.
Neach-raoin: Tha sin ceart, ach mar Chrìosdaidh tha mi a' faicinn an t-saoghail mar cruthachadh Dhè.	Park Ranger: That's right, but as a Christian I think of the world as God's creation.
Balach/Nighean: A bheil sibh a' creidsinn gun do rinn Dia daoine cuideachd?	Boy/Girl: Do you believe that God made people, too?
Neach-raoin: Uill, ged a tha sinn coltach ri beathaichean, tha mise a' creidsinn gun do rinn Dia sinn mar phàirt chudromach dhen chruthachadh oir tha againn ri coimhead às dèidh na talmhainn.	Park Ranger: Well, although we are similar to animals, I believe we have been made as a special part of God's creation because we have to look after the earth.
Balach/Nighean: Bidh mi a' feuchainn ris an aire a thoirt air nàdar. Tha mi a' toirt taic do Friends of the Earth.	Boy/Girl: I try to look after nature. I support Friends of the Earth.
Neach-raoin: Math fhèin. Tha am Bìoball ag ràdh gu bheil uallach air daoine airson nan lusan agus nam beathaichean, agus airson a chèile.	Park Ranger: That's great. The Bible says that humans are responsible for all the plants and animals, and for each other.
Balach/Nighean: Am bi Dia a' cuideachadh?	Boy/Girl: Does God help too?
Neach-raoin: Bithidh. Tha sinn a' creidsinn gu bheil sinn fhèin agus Dia a' coimhead às dèidh an t-saoghail. Tha sinn cuideachd a' creidsinn gu bheil a h-uile càil a rinn E math.	Park Ranger: Yes. We believe we are partners with God in caring for the world. We also think that everything he made is good.

Balach/Nighean: Seadh. Tha mi nis a' tuigsinn carson a sibh toilichte a bhith nur neach-raoin sa phàirc. Tha e a' dèanamh ciall dhomh a-nis.	Boy/Girl: Right. I can see why you're glad you're a park ranger now. It makes sense to me.
Neach-raoin: Tha Crìosdaidhean a' creidsinn gu bheil uiread dhen t-saoghal brèagha agus gum bu chòir taing a thoirt dhan Chruithear air a shon.	Park Ranger: Right. We Christians believe that so much of the world is beautiful and we have to thank God for it.
Balach/Nighean: Ciamar a bhios sibh a' toirt taing dhan Chruithear?	Boy/Girl: How do you go about thanking God?
Neach-raoin: Uill, bidh fèill fogharaidh againn gach bliadhna. Bidh sinn a' toirt buidheachas do Dhia airson na grèine agus airson an uisge a bhios a' toirt air biadh fàs. Bidh sinn a' toirt taing airson nan daoine a bhios ag obair gus biadh a thoirt thugainn.	Park Ranger: Well, every year we have a harvest festival. We thank God for the sun and rain that make our food grow. We say thanks for the people who work to provide the food too.
Balach/Nighean: An e tuathanaich a tha sibh a' ciallachadh?	Boy/Girl: You mean farmers?
Neach-raoin: Chan e dìreach tuathanaich. Smaoinich air cupa teatha. Cia mheud duine a tha an sàs ann a bhith ga dhèanamh?	Park Ranger: More than just farmers. Think of a cup of tea. How many people are involved in making it?
Balach/Nighean: Chan eil fhios 'am.	Boy/Girl: No idea.
Neach-raoin: Uill, tha neach-cur na teatha ann, neach-buain na teatha, sgiobair bàta, dràibhear crainn, dràibhear làraidh, neach-measgachaidh na teatha, neach-pacaigidh na teatha, ceannaiche, tuathanach, dràibhear tancair bainne, neach-obrach factaraidh bainne, neach-dèanaimh chartoin, neach-obrach ghlanadh uisge... An do dh'ionnsaich thu càil on sin?	Park Ranger: Well, there's the tea-planter, tea picker, ship's captain, crane driver, lorry driver, tea blender, tea packer, shop keeper, farmer, milk tanker driver, milk factory worker, carton maker, water treatment worker... Have you learnt anything from that?

Balach/Nighean: Tha tòrr obrach ann a bhith a' dèanamh rudeigin a shaoileas sinne a tha sìmplidh.	Boy/Girl: Yes. It takes a lot of work to make something that we just take for granted.
Neach-raoin: Bidh sinn cuideachd a' sgeadachadh na h-eaglais airson fèill an fhogharaidh agus a' toirt biadh a-steach.	Park Ranger: At harvest festival we also decorate the church and bring along food.
Balach/Nighean: Tha e math gu leòr a bhith a' comharrachadh maise nàdair, ach dè mu na daoine bochda aig nach eil fogharadh math?	Boy/Girl: It's all very well celebrating how beautiful nature is, but what about the starving people who don't have a good harvest?
Neach-raoin: Bidh sinn a' roinn a' bhìdh eadar daoine bochda san sgìre mun cuairt, ach bidh sinn cuideachd a' cruinneachadh airgead aig àm an fhogharaidh agus ga thoirt do bhuidheann carthannais a tha a' cuideachadh dhaoine bochda ann an dùthchannan eile.	Park Ranger: Well, we share out the food with needy people in the local area, but we also collect money at harvest time and give it to a charity that works with poor people in other countries.
Balach/Nighean: Tha sin math. Bidh mise a' togail airgead san sgoil gach bliadhna airson Clann ann an Èis.	Boy/Girl: That's good. I raise money at school for Children in Need every year.
Neach-raoin: San eaglais agamsa tha àm sònraichte againn cuideachd as t-earrach ris an can sinn Àm an Aslachaidh, agus bidh seirbheis againn airson sin. Cha bhi mòran Chrìosdaidhean a' dèanamh seo, ach chì thu air a' bhidio dè bhios a' tachairt.	Park Ranger: At my church we also have a special season in the spring called Rogationtide, and we have a service to celebrate it. Not many Christians do this, but here's a video showing you what happens.
Balach/Nighean: Bhiodh sin math.	Boy/Girl: I'd like to see that.
Neach-raoin: Sin sinn ma-thà. Dè dh'ionnsaich thu on chòmhradh?	Park Ranger: So, there we are. What have you learned from our little chat?
Balach/Nighean: Tha sibh dhen bheachd gu bheil e cudromach taing a thoirt do Dhia airson	Boy/Girl: You think that it's important to thank God for all he provides because you're

a h-uile càil a tha e a' toirt dhuinn seach gur e Crìosdaidh a th' annaibh.	a Christian.
Neach-raoin: Seadh. Càil sam bith eile?	Park Ranger: Right. Anything else?
Balach/Nighean: Tha sibh a' smaoineachadh gu bheil na rinn Dia math.	Boy/Girl: You think that what God made is good.
Neach-raoin: Sgoinneil! Agus, mar Chrìosdaidhean eile, tha mi a' creidsinn gu bheil a bhith a' cuideachadh dhaoine eile na phàirt dheth.	Park Ranger: Fantastic! And, like other Christians, I believe that helping other people is part of the deal.
Balach/Nighean: Sin as coireach gum bi sibh a' roinn rudan?	Boy/Girl: So that's why you try to share things?
Neach-raoin: Ceart a-rithist. Math fhèin! Dh'èist thu gu math.	Park Ranger: Right again. Well done! You have listened really well.
Balach/Nighean: Feumaidh mi nis a dhol a bhruidhinn ri cuideigin eile.	Boy/Girl: I have to go and talk to someone else now.
Neach-raoin: OK. Feuch gun till thu chun an neach-ealain às dèidh sin! Ta-ra.	Park Ranger: OK. Make sure you report back to the artist afterwards! Bye.

Còmhradh 1 leis a' Bhalach a tha ag Iasgach (Iùdhach)

Balach ag Iasgach: Haidh. Chunnaic mi thu a' bruidhinn ris an neach-ealain ud. Dè as coltas dhan dealbh aige?	Fishing Boy: Hi there. I saw you talking with that artist. What's his painting like?
Balach/Nighean: Tha i math, ach tha duilgheadas aig an neach-ealain.	Boy/Girl: It's great, but the artist has a problem.
Balach ag Iasgach: Dè bha siud?	Fishing Boy: What's that?
Balach/Nighean: Tha e ag ràdh ged as urrainn dha an cruth-tìre a pheantadh gur e bu toigh leis ach faighinn a-mach ciamar a thàinig e gu bhith ann.	Boy/Girl: He says that although he can paint this beautiful landscape, he really wants to know how it got here.
Balach ag Iasgach: 'S e deagh cheist a tha sin agus cha chreid mi nach eil freagairt agam.	Fishing Boy: That's a good question and I think I may have the answer.
Balach/Nighean: Tha thu a' tarraing asam!	Boy/Girl: You're kidding me!
Balach ag Iasgach: 'S e Iùdhach a th' annam agus tha e ag innse san Torah mar a chaidh an saoghal a chruthachadh.	Fishing Boy: I'm Jewish and it says in the Torah how the world was created.
Balach/Nighean: Dè tha san Torah ?	Boy/Girl: What's the Torah ?
Balach ag Iasgach: 'S e leabhar naomh nan Iùdhach a th' ann. Tha stiùireadh ann air mar bu chòir Iùdhaich a bhith beò. 'S dòcha gu bheil thu nas eòlaiche air mar a' chiad chòig leabhraichean dhen Bhìoball Chrìosdail. Genesis, Ecsodus, Lebhiticus, Leabhar nan Àireamh agus Deuteronomi.	Fishing Boy: It's a Jewish holy book. It contains teachings about how we Jews should live our lives. I guess you might know it better as the first five books of the Christian Bible - Genesis , Exodus, Leviticus, Numbers and Deuteronomy.
Balach/Nighean: Cha robh fios 'am gun robh na h-Iùdhaich a' creidsinn a' Bhìobail . Bha dùil'm gun robh am Bìoball do	Boy/Girl: I didn't know Jewish people believed in the Bible . I thought the Bible was for Christians.

Chrìosdaidhean.	
Balach ag Iasgach: Thàinig am Bìoball Iùdhach, a tha a' gabhail a-steach an Torah , gu bhith na aon phàirt dhen Bhìoball Chrìosdail, ris an can iad an 'Seann Tiomnadh'. 'S e Iùdhaich a bha sa chiad Chrìosdaidhean.	Fishing Boy: The Jewish Bible , including the Torah , became one part of the Christian Bible , which Christians call the 'Old Testament'. The first Christians were Jewish people.
Balach/Nighean: Ach cò tha an Torah ag ràdh a rinn an saoghal?	Boy/Girl: OK. But who does the Torah say made the world?
Balach ag Iasgach: Tha an Torah ag ràdh gur e Hashem a chruthaich an saoghal.	Fishing Boy: The Torah says the world was created by Hashem .
Balach/Nighean: Hashem ? Bha dùil 'am gun tuirt am Bìoball gur e Dia a chruthaich an saoghal.	Boy/Girl: Hashem ? I thought the Bible said that God created the world.
Balach ag Iasgach: Tha, agus cuideachd an Torah agus an Qur'an .	Fishing Boy: It does, and so do the Torah and the Qur'an .
Balach/Nighean: Agus dè th' anns an Qur'an ?	Boy/Girl: And the Qur'an is?
Balach ag Iasgach: Leabhar naomh nam Muslamach. Dìreach mar na h-Iùdhaich agus na Crìosdaidhean, tha Muslamaich a' creidsinn ann an aon Chruithear.	Fishing Boy: The Muslim holy book. Like Jews and Christians, Muslims believe in one creator.
Balach/Nighean: Mar sin tha Iùdhaich, Crìosdaidhean agus Muslamaich a' creidsinn ann an tè uile-chumhachdach, a bheil?	Boy/Girl: OK. So Jews, Christians and Muslims all believe in this all-powerful being, do they?
Balach ag Iasgach: Tha sin ceart. 'S e 'an t-Ainm' a tha Hashem a' ciallachadh. Tha an Torah ag àithne dhuinn gun ainm ceart a' Chruitheir a ràdh. Tha sinn a' creidsinn gun do chruthaich Hashem a h-uile càil sa chruinne-cè – agus tha sin a' gabhail a-steach a' chruth-tìre seo	Fishing Boy: That's right. ' Hashem ' actually means 'the Name'. The Torah forbids us to say the creator's actual name. We believe that Hashem created everything in the universe - including this landscape and everything in it.

agus a h-uile càil a th' ann.	
Balach/Nighean: Fuirich mionaid. Tha sin a' ciallachadh gu bheil sibh a' creidsinn gun do chruthaich e daoine cuideachd?	Boy/Girl: Wait a minute. That means you believe that he created people as well?
Balach ag Iasgach: Rinn e sin. Chruthaich e daoine airson coimhead às dèidh a' chruthachaidh . Agus seach gun do chruthaich e an saoghal mìorbhaileach seo dhuinn, bu chòir dhuinn an aire a thoirt air. Bheil thu ag aontachadh?	Fishing Boy: He certainly did. He made humans to look after creation . And because he has created this wonderful world for us to live in, the least we can do is take care of it. Don't you agree?
Balach/Nighean: Chan eil fhios 'am. Saoilidh mise gur e obair mhòr a tha sin.	Boy/Girl: I'm not so sure. It sounds like hard work to me.
Balach ag Iasgach: Tha mòran Iùdhach ann coltach riumsa a tha a' creidsinn gur e an dleastanas an aire a thoirt air an t-saoghal agus oirnn fhèin. Mar sin tha sinn a' feuchainn ri sin a dhèanamh san dòigh a tha sinn beò agus aig amannan sònraichte mar Sukkot .	Fishing Boy: Well, many Jewish people like me believe it's our duty to look after the world and ourselves. So we try to do this in the way we live our lives and at special times like Sukkot .
Balach/Nighean: Sukkot. Dè th' ann an Sukkot ?	Boy/Girl: You've lost me! What's Sukkot ?
Balach ag Iasgach: 'S e fèill mhath a th' ann an Sukkot . Bidh sinn a' dèanamh bothan air a bheil sukkah agus ga sgeadachadh. Bidh an teaghlach agamsa ga thogail sa ghàrradh, ach faodaidh tu a thogail am bad sam bith fhad 's a bhios e a-muigh. Ma bhios an t-sìde math, faodaidh sinn ithe agus cadal ann an sukkah. Bheil thu airson coimhead air an dealbh-bheò seo? Seallaidh i dè tha mi a' ciallachadh?	Fishing Boy: Sukkot is a great festival! We make and decorate a special type of hut called a sukkah. My family always builds ours in the garden, but you can make one anywhere as long as it's out in the open air. If the weather is good, we can eat and sleep in the sukkah. But why not watch this animation? It will show you what I mean.
Balach/Nighean: Sgoineil!	Boy/Girl: Cool!
Balach ag Iasgach: Dè do bheachd? Tha Sukkot sgoineil,	Fishing Boy: So, what do you think? Sukkot 's

nach eil? Bidh sinn a' sealltainn dhan Chruithear gu bheil sinn taingeil airson an t-saoghail a thug E dhuinn agus a thiodhlacan uile, agus bidh spòrs againn cuideachd.	excellent, isn't it? We show the creator that we're really grateful for him giving us the world and all its gifts, and we have a great time too.
Balach/Nighean: Mar sin chan eil teagamh sam bith agadsa nach do rinn Dia an saoghal?	Boy/Girl: So, as far as you're concerned, there's no doubt that God made the world?
Balach ag Iasgach: Sin a tha mise agus mòran Iùdhach a' creidsinn. Chòrd an còmhraidh rium, ach feumaidh mi iasg a ghlacadh a-nis.	Fishing Boy: That's what I and many Jewish people believe. Well, I've enjoyed our chat but now I've got some fish to catch.
Balach/Nighean: Siuthad ma-thà. Bidh mi gad fhaicinn!	Boy/Girl: OK. See you!
Balach ag Iasgach: Shalom.	Fishing Boy: Shalom.
Balach/Nighean: Shalom dhut fhèin. Dè tha sin a' ciallachadh?	Boy/Girl: Shalom to you too. What does that mean?
Balach ag Iasgach: Tha e a' ciallachadh 'sìth' agus bidh Iùdhaich ga ràdh mar a bhios sinne ag ràdh halò no beannachd leibh. Mar sin, Shalom!	Fishing Boy: It means 'peace' and some Jews say it when we want to say hello or goodbye. So Shalom!

Còmhradh 2 leis a’ Bhalach a tha ag Iasgach (Iùdhach)

Balach ag Iasgach: Cò mu dheidhinn a tha thu airson bruidhinn?	Fishing Boy: What do you want to talk about?
Balach/Nighean: Inns barrachd dhomh mu dheidhinn mar a tha thu a’ smaoinichadh a thàinig an saoghal gu bhith ann.	Boy/Girl: Tell me more about how you think the world got here.
Balach ag Iasgach: ’S e Iùdhach a th’ annam agus tha e ag innse san Torah mar a chaidh an saoghal a chruthachadh.	Fishing Boy: I'm Jewish and it says in the Torah how the world was created.
Balach/Nighean: Carson a tha bhith nad Iùdhach a’ toirt freagairt dhut?	Boy/Girl: Why does being Jewish mean you know the answer?
Balach ag Iasgach: Chionn bha agam ris an Torah , leabhar naomh, Iùdhach, a sgrùdadh airson Bar Mitzvah . An robh fios agad gu bheil 613 àithntean san Torah ?	Fishing Boy: Because I've had to study the Torah , a Jewish holy book, for my Bar Mitzvah . Did you know that the Torah has 613 commandments in it?
Balach/Nighean: Dè fon ghrèin a th’ ann am Bar Mitzvah ?	Boy/Girl: What on earth's a Bar Mitzvah ?
Balach ag Iasgach: ’S e seirbheis a th’ ann do bhalaich Iùdhach nuair a bhios iad trì bliadhna deug. Feumaidh mi nis a bhith nam inbheach agus a bhith beò a rèir riaghailtean an Torah . Chuidicheadh a’ bhidio seo thu gu bhith a’ tuigsinn dè tha Bar Mitzvah a’ ciallachadh.	Fishing Boy: It's a coming-of-age ceremony for Jewish boys when they reach the age of thirteen. Now I have to be grown up and live my life by the laws in the Torah . Actually, this video would help you understand what Bar Mitzvah means.
Balach/Nighean: Bu toigh leam sin fhaicinn.	Boy/Girl: Great! I'd really like to see that.
Balach ag Iasgach: Glè mhath. Tha fios agad a-nis dè th’ ann am Bar Mitzvah agus tha mi cinnteach gun do thog thu gur e neach-teagaisg glic a th’ ann an rabbi a bhios gar cuideachadh a’ tuigsinn laghan an Torah .	Fishing Boy: Right. So now you know what a Bar Mitzvah is and you probably picked up that a rabbi is a wise teacher who helps us understand the laws in the Torah .

Balach/Nighean: Tha mi leat an sin, ach chan eil mi fhathast cinnteach cò tha an Torah ag ràdh a rinn an saoghal.	Boy/Girl: I'm with you about all that, but I'm still not sure who the Torah says made the world.
Balach ag Iasgach: Tha an Torah ag ràdh gur e Hashem a chruthaich an saoghal.	Fishing Boy: The Torah says the world was created by Hashem .
Balach/Nighean: Cha chuala mi guth riamh air Hashem . Cò no dè a th' ann?	Boy/Girl: I've never heard of Hashem . Who is he - or she?
Balach ag Iasgach: Ò, tha e agam! 'S e Hashem am facal Eabhrais airson Dia.	Fishing Boy: Oh I get it! Hashem is the Jewish name for God.
Balach/Nighean: Leabhar naomh nam Muslamach. Dìreach mar na h-Iùdhaich agus na Crìosdaidhean, tha Muslamaich a' creidsinn ann an aon Chruithear.	Boy/Girl: The Muslim holy book. Like Jews and Christians, Muslims believe in one creator.
Balach ag Iasgach: Tha sin ceart. 'S e 'an t-Ainm' a tha Hashem a' ciallachadh. Tha an Torah ag àithne dhuinn gun ainm ceart a' Chruitheir a ràdh. Tha sinn a' creidsinn gun do chruthaich Hashem a h-uile càil sa chruinne-cè – agus tha sin a' gabhail a-steach a' chruth-tìre seo agus a h-uile càil a th' ann.	Fishing Boy: That's right. ' Hashem ' actually means 'the Name'. The Torah forbids us to say the creator's actual name. We believe that Hashem created everything in the universe - including this landscape and everything in it.
Balach/Nighean: Wow! Abair obair mhòr. Chan eil rian nach robh e sgìth an dèidh sin.	Boy/Girl: Wow! That was a big job. He must have been shattered when he'd done all that!
Balach ag Iasgach: Chan eil fhios 'am mun sin, ach tha an Torah ag ràdh gun do chruthaich E a h-uile càil ann an sia latha agus gun do ghabh E fois air an t-seachdamh latha.	Fishing Boy: I don't know about that, but the Torah tells us that he took six days to create everything and then rested on the seventh day.
Balach/Nighean: An e sin as coireach gu bheil cuid ag ràdh gur e latha fois a th' ann an Didòmhnaich?	Boy/Girl: Is that why some people call Sunday the day of rest?

Balach ag Iasgach: Canaidh cuid de Chrìosdaidhean Didòmhnaich ris an latha fois agus cuid eile Là na Sàbaid. Bidh a’ mhòr-chuid de dh’Iùdhaich a’ gabhail fois air an t- Sàbaid – dhaibhsan bho fheasgar Dihaoine gu feasgar Disathairne. ‘S e an rud gu bheil latha sònraichte gach seachdain aig Crìosdaidhean agus Iùdhaich gus urram a thoirt dhan Chruithear agus gus taing a thoirt Dha.	Fishing Boy: Well, Christians call Sunday the day of rest but most Jewish people rest on the Sabbath day - that's from Friday evening to Saturday evening. The point is, Christians and Jews both have one special day each week to honour the creator and give thanks for his gifts.
Balach/Nighean: Agus am bi Iùdhaich ma-thà dìreach a’ toirt taing Là na Sàbaid ?	Boy/Girl: Right. So do Jewish people like you just give thanks on the Sabbath day then?
Balach ag Iasgach: Chan ann. Tha fèilltean taingealachd eile againn mar Tu b'Shevat agus, an tè as fheàrr leamsa, Sukkot .	Fishing Boy: No, of course not. We have loads of festivals of thanksgiving such as Tu b'Shevat and, my particular favourite, Sukkot .
Balach/Nighean: Inns domh mu dheidhinn Sukkot . Cha chuala mi riamh mu dheidhinn.	Boy/Girl: Tell me about Sukkot . I've never heard of it before.
Balach ag Iasgach: ‘S e fèill mhath a th’ ann an Sukkot . Bidh sinn a’ dèanamh bothan air a bheil sukkah agus ga sgeadachadh. Bidh an teaghlach agamsa ga thogail sa ghàrradh, ach faodaidh tu a thogail am bad sam bith fhad ‘s a bhios e a-muigh. Ma bhios an t-sìde math, faodaidh sinn ithe agus cadal ann an sukkah. Bheil thu airson coimhead air an dealbh-bheò seo? Seallaidh i dè tha mi a’ ciallachadh?	Fishing Boy: Sukkot is a great festival! We make and decorate a special type of hut called a sukkah. My family always builds ours in the garden, but you can make one anywhere as long as it's out in the open air. If the weather is good, we can eat and sleep in the sukkah. But why not watch this animation? It will show you what I mean.
Balach/Nighean: Chan eil, tapadh leat – ach cha chreid mi nach e deagh spòrsa a th’ ann an Sukkot .	Boy/Girl: No, thanks - but Sukkot does sound fun.
Balach ag Iasgach: Tha e sin, agus tha e na dhòigh air buidheachas a thoirt do Hashem airson nam beannachdan a thug E dhuinn. Tha e cudromach dhuinne gum	Fishing Boy: Yes it is and it's our way of giving thanks and counting the blessings that Hashem has given us. You see, it's important to people of my faith that we

bi sinn beò a rèir nan riaghailtean agus nach dìochuimhnich sinn airson aon mhionaid gur E thug ar beatha dhuinn.	live our daily lives by his rules and never forget for a moment that we owe our very existence to him.
Balach/Nighean: Mar sin faodaidh mi ràdh ris a' pheantair gur e Dia a rinn an saoghal nad bheachd-sa.	Boy/Girl: So I can tell the painter that, as far as you're concerned, God made the world.
Balach ag Iasgach: Sin a tha mise agus mòran Iùdhach a' creidsinn. Chòrd an còmhraidh rium, ach feumaidh mi iasg a ghlacadh a-nis.	Fishing Boy: That's what I and many Jewish people believe. Well, I've enjoyed our chat but now I've got some fish to catch.
Balach/Nighean: Siuthad ma-thà. Bidh mi gad fhaicinn!	Boy/Girl: OK. See you!
Balach ag Iasgach: Shalom.	Fishing Boy: Shalom.
Balach/Nighean: Shalom dhut fhèin. Dè tha sin a' ciallachadh?	Boy/Girl: Shalom to you too. What does that mean?
Balach ag Iasgach: Tha e a' ciallachadh 'sìth' agus bidh Iùdhaich ga ràdh mar a bhios sinne ag ràdh halò no beannachd leibh. Mar sin, Shalom!	Fishing Boy: It means 'peace' and some Jews say it when we want to say hello or goodbye. So Shalom!

Còmhradh 3 leis a' Bhalach a tha ag Iasgach (Iùdhach)

Balach ag Iasgach: Cò mu dheidhinn a tha thu airson bruidhinn?	Fishing Boy: What do you want to talk about?
Balach/Nighean: Inns barrachd dhomh mu dheidhinn mar a tha thu a' smaoinichadh a thàinig an saoghal gu bhith ann.	Boy/Girl: Tell me more about how you think the world got here.
Balach ag Iasgach: 'S e Iùdhach a th' annam agus tha e ag innse san Torah mar a chaidh an saoghal a chruthachadh.	Fishing Boy: I'm Jewish and it says in the Torah how the world was created.
Balach/Nighean: An Torah ? 'S e facal annasach a tha sin. An e seòrsa de leabhar a th' ann?	Boy/Girl: Torah ? That's an interesting sounding word. I guess it means some kind of book.
Balach ag Iasgach: Tha sin ceart. 'S e leabhar naomh, cudromach, Iùdhach a tha san Torah . Tha e ag innse dhuinn mar bu chòir Iùdhaich a bhith beò. Tha a' chiad chòig leabhraichean dhen Bhìoball Iùdhach san Torah .	Fishing Boy: That's right. The Torah is an important Jewish holy book. It tells us how we, as Jewish people, should live our lives. The Torah is made up of the first five books of the Jewish Bible .
Balach/Nighean: A bheil Iùdhaich a' creidsinn sa Bhìoball ma-thà?	Boy/Girl: Do Jewish people believe in the Bible then?
Balach ag Iasgach: Thàinig am Bìoball Iùdhach, a tha a' gabhail a-steach an Torah , gu bhith na aon phàirt dhen Bhìoball Chrìosdail, ris an can iad an 'Seann Tiomnadh'. 'S e Iùdhaich a bha sa chiad Chrìosdaidhean.	Fishing Boy: The Jewish Bible , including the Torah , became one part of the Christian Bible , which Christians call the 'Old Testament'. The first Christians were Jewish people.
Balach/Nighean: Ach cò tha an Torah ag ràdh a rinn an saoghal?	Boy/Girl: OK. But who does the Torah say made the world?
Balach ag Iasgach: Tha an Torah ag ràdh gur e Hashem a chruthaich an saoghal.	Fishing Boy: The Torah says the world was created by Hashem .

Balach/Nighean: Cha chuala mi guth riamh air Hashem . Cò no dè a th' ann?	Boy/Girl: I've never heard of Hashem . Who is he - or she?
Balach ag Iasgach: Cruithear an t-saoghail.	Fishing Boy: The creator of the world.
Balach/Nighean: Ò, tha e agam! 'S e Hashem am facal Eabhrais airson Dia.	Boy/Girl: Oh I get it! Hashem is the Jewish name for God.
Balach ag Iasgach: Tha sin ceart. 'S e 'an t-Ainm' a tha Hashem a' ciallachadh. Tha an Torah ag àithne dhuinn gun ainm ceart a' Chruitheir a ràdh. Tha sinn a' creidsinn gun do chruthaich Hashem a h-uile càil sa chruinne-cè – agus tha sin a' gabhail a-steach a' chruth-tìre seo agus a h-uile càil a th' ann.	Fishing Boy: That's right. ' Hashem ' actually means 'the Name'. The Torah forbids us to say the creator's actual name. We believe that Hashem created everything in the universe - including this landscape and everything in it.
Balach/Nighean: Fuirich mionaid. Tha sin a' ciallachadh gu bheil sibh a' creidsinn gun do chruthaich e daoine cuideachd?	Boy/Girl: Wait a minute. That means you believe that he created people as well?
Balach ag Iasgach: Rinn e sin. Chruthaich e daoine airson coimhead às dèidh a' chruthachaidh . Agus seach gun do chruthaich e an saoghal mìorbhaileach seo dhuinn, bu chòir dhuinn an aire a thoirt air. Bheil thu ag aontachadh?	Fishing Boy: He certainly did. He made humans to look after creation . And because he has created this wonderful world for us to live in, the least we can do is take care of it. Don't you agree?
Balach/Nighean: Tha e cothromach gu leòr leamsa, ach cha chanainn gu bheil a h-uile duine dhen aon bheachd.	Boy/Girl: It seems fair enough to me, but I don't think everybody feels the same way.
Balach ag Iasgach: Tha thu ceart. Ach tha an Torah ag ràdh gum feum sinn an aire a thoirt air an t-saoghal, agus sin a tha a' mhòr-chuid de dh'Iùdhaich a' feuchainn ri dhèanamh. Bidh sinn a' toirt an aire air an t-saoghal nàdarra agus a' toirt taing do Hashem air a shon aig amannan sònraichte mar Sukkot .	Fishing Boy: No, sadly you're right there. But even so, the Torah tells us that we must look after the world, so that's what most Jewish people try to do. We take care of the natural world and give thanks to Hashem for it at special times like Sukkot .

Balach/Nighean: Sukkot ? Cha chuala mi sin riamh.	Boy/Girl: Sukkot ? I've never heard of that before.
Balach ag Iasgach: Ò, 's e fèill mhath a th' ann an Sukkot . Bidh sinn a' dèanamh bothan air a bheil sukkah agus ga sgeadachadh. Bidh an teaghlach agamsa ga thogail sa ghàrradh, ach faodaidh tu a thogail am bad sam bith fhad 's a bhios e a-muigh. Ma bhios an t-sìde math, faodaidh sinn ithe agus cadal ann an sukkah. Bheil thu airson coimhead air an dealbh-bheò seo? Seallaidh i dè tha mi a' ciallachadh?	Fishing Boy: Oh, it's a great festival where we make and decorate a special type of hut called a sukkah. My family always build ours in the garden, but you can make one anywhere as long as it's out in the open air. If the weather is good, we can eat and sleep in the sukkah. But why not watch this animation? It'll show you what we do.
Balach/Nighean: Siuthad ma-thà. 'S toigh leam dealbhan-beò.	Boy/Girl: You're on! I like animations.
Balach ag Iasgach: Dè do bheachd? Tha Sukkot sgoinneil, nach eil? Bidh sinn a' sealltainn dhan Chruithear gu bheil sinn taingeil airson an t-saoghail a thug E dhuinn agus a thiodhlacan uile, agus bidh spòrs againn cuideachd.	Fishing Boy: So, what do you think? Sukkot 's excellent, isn't it? We show the creator that we're really grateful for him giving us the world and all its gifts, and we have a great time too.
Balach/Nighean: Mar sin chan eil teagamh sam bith agadsa nach do rinn Dia an saoghal?	Boy/Girl: So, as far as you're concerned, there's no doubt that God made the world?
Balach ag Iasgach: Sin a tha mise agus mòran Iùdhach a' creidsinn. Chòrd an còmhradh rium, ach feumaidh mi iasg a ghlacadh a-nis.	Fishing Boy: That's what I and many Jewish people believe. Well, I've enjoyed our chat but now I've got some fish to catch.
Balach/Nighean: Hoigh, nach eil coir agadsa a bhith a' toirt an aire air rudan agus chan ann gam marbhadh?	Boy/Girl: Hey, aren't you supposed to look after things, not kill them?
Balach ag Iasgach: Na gabh dragh! Cha bhi mi gan goirteachadh no a' dèanamh ana-chaitheamh air iasg – bhiodh sin ceàrr. Bidh mi gan sadail air ais, mura bheil mi ag iarraidh fear gu mo dhinnear!	Fishing Boy: Oh don't worry! I don't harm them or waste the fish - that would be wrong. I always throw them back, unless I'm taking one home for tea! Now Shalom.

Shalom.	
Balach/Nighean: Dè tha Shalom a' ciallachadh?	Boy/Girl: What does Shalom mean?
Balach ag Iasgach: Tha e a' ciallachadh 'sìth' agus bidh Iùdhaich ga ràdh mar a bhios sinne ag ràdh halò no beannachd leibh. Mar sin, Shalom!	Fishing Boy: It means 'peace' and some Jews say it when we want to say hello or goodbye. So Shalom!

Bhideothan: Fo-thiotalan dà-chànanach

Neach-raoin na Pàirce: Cruthachadh Dhè

An toiseach cha robh càil ann – dìreach dorchadas. An uair sin thuirt Dia, “Bidh solas ann” agus bha solas ann.	First of all there was darkness - nothing. Then God said 'let there be light', and there was.
Thàinig an uair sin reultan, is planaidean, is reul-chriosan agus sgòthan mòra gas a bha a’ cur nan caran agus a’ spreadhadh. Agus thuirt Dia, “Tha sin math airson tòiseachadh.”	Suddenly there were stars, and planets, and galaxies and great clouds of gas, all whizzing about and going bang. And God said 'that's not bad, for a start'.
A-mach à milleanan thar bhilleanan de phlanaidean, thagh Dia aon gu bhith sònraichte – b’ e an talamh a’ phlanaid sin.	Out of all the millions and billions of planets, God picked out one to be special - that special planet was the earth.

Neach-raoin na Pàirce: An Laoidh “Gach Nì Tha Glan is Bòidheach”

Sèist: Gach nì tha glan is bòidheach, gach creutair beag is mòr, Gach nì tha ciallach rianail, 's E rinn iad Dia na glòir.	Chorus: All things bright and beautiful, all creatures great and small, All things wise and wonderful, the Lord God made them all.
Rann 1: An neòinean beag cho brèagha, na h-eòin le ceòl is seinn. 'S E rinn an dathan sgiamhach, 's an sgiathan beaga grinn.	Verse 1: Each little flower that opens, each little bird that sings, He made their glowing colours, he made their tiny wings.
Rann 2: A' bheinn le fraoch cho dearg leis, an abhainn ruith cho sèimh, A' mhadainn chiùin 's an t-anmoch, is èirigh bhlàth na grèin'.	Verse 2: The purple headed mountain, the river running by, The sunset and the morning, that brightens up the sky.
Rann 3: A' ghaoth tha fuar sa gheamhradh; san t-samhradh glan bidh 'n speur, Is abachadh 's gach gàrradh - bho Dhia tha iad gu lèir.	Verse 3: The cold wind in the winter, the pleasant summer sun, The ripe fruits in the garden,—he made them every one.

Rann 4: Na craobhan àrd sa choille, air lianaig cluich nan uan, An luachair is an seileach, gach tom is creag is cuan.	Verse 4: The tall trees in the greenwood, the meadows where we play, The rushes by the water, we gather every day.
Rann 5: Thug sùilean gu bhith faicinn, is bilean gu bhith 'g inns', Mu ghràdh ar n-Athar Nèamhaidh, gach nì gu saor 's gun phrìs.	Verse 5: He gave us eyes to see them, and lips that we might tell, How great is God Almighty, who has made all things well.
Neach-raoin na Pàirce: Àm an Aslachaidh	
Anns an earrann tha easbaig na sheasamh air beulaibh muileann- ghaoithe agus a' bruidhinn ri coitheanal beag. 'S e Latha an Aslachaidh a th' ann agus tha e os cionn ùrnaigh.	The clip shows a bishop stood in front of a windmill addressing a small congregation. It is Rogation Sunday and he is leading the congregation in prayer.
'Athair naomh, buidheachas Dhut airson na talmhainn, airson na gaoithe a tha a' sèideadh tro ar falt, agus airson nan allt agus nan aibhnichean, airson nan craobhan agus nan achaidhean gorma.	'God our father, we thank you for the earth on which we stand, and the wind which is blowing through our hair, the fresh streams and rivers, the trees and green fields.
'Cuidich sinn gu bhith a' coimhead às dèidh na rinn Thu, agus gus stad a chur orrasan a tha ga mhilleadh. Amen.'	'Help us to look after everything you made, and to stop those who selfishly destroy it. Amen.'
Am Balach a tha ag Iasgach: Bar Mitzvah	
Seo leabhar nan riaghailtean. Canaidh Iùdhaich an Sefer Torah ris. Chan e dìreach riaghailtean a th' ann – bidh e gan stiùireadh tro am beatha.	This is the rule book. Jewish people call it the Sefer Torah. It's more than just rules - it guides them through their lives.
Tha Rabbi Plancy a' cuideachadh a' bhalaich le bhith ag ullachadh airson latha sònraichte – am bar mitzvah aige. Tha sin a' ciallachadh 'mac nan àithntean'.	Rabbi Plancy is helping Jeremy to prepare for a special day - his bar mitzvah. That means 'son of the commandments'.

Air an latha sin feumaidh e sealltainn gu bheil e air fàs suas agus gu bheil e deiseil airson dèanamh mar a tha an Torah ag ràdh. Tha an Torah cho prìseil dha na h-Iùdhaich ri rìgh.	On that day he has to show that he is grown up and ready to do what the Torah says. The Torah is as special to Jewish people as a king.
Tha 5 leabhraichean san Torah; canar uaireannan 5 leabhraichean Mhaois riutha. Tha dàin, ùrnaighean agus eachdraidhean anns gach fear. 'S iad na leabhraichean Genesis, Ecsodus, Lebhiticus, Leabhar nan Àireamh agus Deuteronomi.	The Torah is made up of 5 books, which are sometimes called the 5 books of Moses. In each one there is a mixture of songs, prayers and stories. The books are Genesis; Exodus; Leviticus; Numbers, and Deuteronomy.
Am Balach a tha ag Iasgach: Sukkot	
Tha an dealbh a' tòiseachadh le craobh as t-fhoghar, agus an uair sin bòrd le coinnlean fo sukkah. Tha e an uair sin a' sealltainn na sukkah le measan brèagha, dathach. Tha duine an uair sin na shuidhe aig a' bhòrd ag ithe. Tha an sealladh mu dheireadh dhen teaghlach a' dol a chadal fon t-sukkah.	The animation starts by showing a tree in autumn, followed by a table with candles on it underneath a sukkah. It then shows the sukkah decorated in brightly coloured fruits. A man then appears sitting at the table eating. The last scene is of the family laying down to sleep underneath the sukkah.
Bidh Sukkot a' tachairt as t-fhoghar, agus a' maireachdainn seachd latha. Aig Sukkot, bidh na h-Iùdhaich a' cuimhneachadh nuair a bha an sinnsearan a' siubhal san fhàsach airson ceathrad bliadhna an dèidh dhaibh teiche às an Èipheit.	Sukkot takes place in the autumn, and lasts for seven days. At Sukkot, Jews remember the story of the time when their ancestors wandered in the desert for forty years after they had escaped from Egypt.
'S e fear dhe na dòighean air seo a dhèanamh sukkah a thogail. Rè Sukkot, togaidh teaghlach Iùdhach fasgadh, no bothag, a-muigh – glè thrì sa ghàrradh.	One of the ways of doing this is to build a sukkah. During Sukkot, a Jewish family will build a temporary shelter, or booth, outside - often in the garden.
'S e 'sukkah' an t-ainm a th' air gach bothag. Chan eil togail làidir orra idir, agus tha mullach no balla fosgailte orra. Tha seo a' cuimhneachadh nam fasgaidhean a thog na h-Iùdhaich san fhàsach.	Each booth is called a 'sukkah'. They're built to be very fragile, and have an open roof or wall - this is a reminder of the shelters that the Hebrews built when they were wandering in the wilderness.

Tha am fogharadh cuideachd ga chomharrachadh aig Sukkot. Bidh an sukkah air a sgeadachadh le measan, agus bidh daoine a' gabhail biadh ann – glè thrice caidlidh an teaghlach ann cuideachd.

Sukkot is also a time when the gathering of the harvest is celebrated. The sukkah is decorated with fruits, and meals are eaten in it - often the family will even sleep in it.



© 2012

bbc.co.uk/foghlam